

Clann an latha an-dè



Beul Feirste, 1941

Balach a' Bhliots

An Sgeulachd

Tha an sgeulachd suidhichte ann am Beul Feirste air an 16mh Giblean 1941, a' mhadainn an dèidh ionnsaigh adhair trom.

Tha Seumas Mac a' Ghobhainn agus a' chù, Dìleas, air a dhol air chall. Chan eil fhios aig a mhàthair dè a tha air tachairt dhaibh agus tha i air fios a chur air na poilis.

Cidsin



Bha e doirbh a bhith ag obair ann an cidsin aig àm a' chogaidh. Bha uisge air a theasachadh le goileadair a bha a' cleachdadh gual. Bha poitean, soithichean agus praisean air sgeilpichean no air an crochadh. Bha am biadh air a chòcaireachd air stòbhaichean sìmplidh. Bha biadh air a chumail fuar ann am preasan mòra. Bha an nigheadaireachd gu ìre mhòr air a dhèanamh le làimh.

Nithean



Cha robh telebhisein ann aig àm a' chogaidh. Bhiodh teaghlaichean ag èisteachd ris an rèidio. Bha na naidheachdan cudromach. Ciamar a tha fios againn? Chaidh pìosan bho phrògraman rèidio mun chogadh a chumail: 's e clàraidhean de thachartasan uabhasach cudromach a th' annta leithid Neville Chamberlain (Am Prìomh Mhinistear aig àm a' chogaidh) ag innse gu bheil sinn a' cogadh ris a' Ghearmailt.



Dh'fheumadh an Rìoghachd Aonaichte nithean a thoirt a-steach bho air feadh an t-saoghail gus a' chogadh a shabaid. Dh'òrdaich an riaghaltas casg air na b' urrainn dha daoine a' cheannach. Bha a h-uile duine a' faighinn leabhar-bìdh làn thigheadan. An uair a bha thu a' ceannachd rudeigin, bhiodh an neach-bùtha a' comharrachadh sin san leabhar agad. Cha b' urrainn dhut na h-aon thigheadan a chleachdadh a-rithist. Anns an leabhar-bìdh seo, chaidh na tigeadan feòla a reubadh às.



Cha robh e furasta uighean fhaighinn aig àm a' chogaidh. Bhiodh teaghlaichean a' cleachdadh uighean a bha mar phùdar tioram.

Ciamar a tha fios againn? Tha sanasan airson uighean tioram fhathast ann an taighean-tasgaidh agus leabhraichean bhon àm.



Chaidh uinneag a' chidsin a spreadhadh. Airson stad a chur air pìosan glainne a bhith a' sgèith mun cuairt, dh'iarr an riaghaltas air daoine teip steigeach a chur air na h-uinneagan aca.

Dh'fheumadh uinneagan a bhith air an còmhdach le cùirtearan tiugha oir dh'fhaodadh solas sam bith a bhith air fhaicinn le plèana an nàmhaid.



'S e foirm gluasaid nach deach a lìonadh air fad a tha seo. Chaidh còrr air 750,000 pàiste an cuir chun tuath san

t-Sultain 1939 airson an cumail sàbhailte.

Mu àm na Nollaig 1939, bha a' mhòr-chuid air tilleadh dhachaigh oir cha robh ionnsaighean adhair air a bhith ann. Ann an 1940 agus 1941 chaidh innealan-spreadhaidh a leagail air tòrr de bhailtean 's mar sin dh'fheumadh tòrr chloinn a chur chun tuath.

Luchd-fianais



"Dh'fhuiling Beul Feirste an ionnsaigh adhair as miosa dhen chogadh, le na mìltean de dhaoine air an leòn air feadh a' bhaile, agus a-nis tha pàiste air chall san sgìre agam.

Fhuair mi a-mach nach eil a phàrantan ag aontachadh am bu chòir dhaibh a chuir a-mach chun tuath no nach bu chòir. Is dòcha gun chuala e iad agus is dòcha nach eil e airson falbh.

'S dòcha gur e tuairmse a th' anns a' chù. 'S e beathach mòr a th' ann agus chan eil biadh ann. Tha tòrr dhaoine air na coin aca a chur sìos bho thòisich an cogadh. Ach tha e coltach gu bheil Seumas agus Dìleas a' dol dhan h-uile àite còmhla. Bhriseadh a chridhe nan tachradh càil dhan chù.

Dh'fhaodadh gu bheil eagal a bheatha air Seumas an dèidh na thachair an raoir. Is dòcha gun deach e air falach an àiteigin, air falbh bhon fhuaim agus an ùpraid.

Ma tha sibh ag iarraidh mo bheachd fhèin, bidh e a' cluich an àiteigin nach bu chòir dha a bhith cuide ri charaidean."

Sgeulachd

Cidsin: Chaidh lorg air leabhar-bìdh le tigead air a reubadh às agus foirm gluasaid le fiosrachadh mu Sheumais air. Tha am poileas den bheachd gu bheil Seumas a' cluich cuide ri charaidean.

Ionad-fasgaidh Anderson



Chaidh Ionadan-fasgaidh Anderson ainmeachadh an dèidh a' Mhinistear airson Ionnsaighean Adhair, Iain Anderson. Mun t-Sultain 1939, chaidh 1.5 millean ionad-fasgaidh a thogail ann an gàrraidhean dhaoine. Bha an doras air a dhìon le iarainn agus bha a' chuid a bu mhotha de theaghlaichean gan còmhach le ùir airson tuilleadh dìon.

Gheibheadh sianar a-steach dhan ionad-fasgaidh. Bha Ionad-fasgaidh Mhoireasdan aig cuid de theaghlaichean taobh a-staigh an dachaighean. B' e cèidse iarainn a bha seo dham b' urrainn dhaibh a dhol.

Nithean



Bha Ionadan-fasgaidh Anderson beag, gun mòran rùm air sgàth 's gu robh iad air an tìodhlacadh as a' ghàrradh agus bha iad tais le droch fhàileadh anna.

Bhiodh teaghlaichean a' dèanamh an dìcheall a bhith gan dèanamh cofhurtail. Chaidh feadhainn am peantadh agus bha beingean sa chuid a bu mhotha. Ann an cuid dhiubh bha sreathan de leapannan os cionn a chèile agus air an ceangal a-steach gus am b' urrainn dhan h-uile duine laighe sìos.



Cha robh biadh pheataichean ann an tìonaichean ri fhaotainn aig àm a' chogaidh, agus bha cnàmhan aosta air an cruinneachadh agus air an leaghadh gus glaoth a dhèanamh.

Bha tòrr de pheataichean air an cur sìos seach gun robh eagal orra ro nan ionnsaighean adhair.

An dèidh an ionnsaigh adhair air a' 15mh latha den Ghiblean, 1941 chaidh mòran de na beathaichean ann an Sutha Bheul Feirste a mharbhadh.



Aig àm a' chogaidh 's ann ainneamh a bha clann a' faighinn dèideagan ùra leithid a' phlèana seo oir dh'atharraich iad na factaraidhean gu àitean a bha a' cruthachadh innealan-cogaidh.

Bhiodh clann a' dèanamh nan dèideagan aca fhèin à sgudal, cairt-bhòrd no fiodh. Bha geamannan cairt no bòrd air an cluich tric.



Bha pàipear gann ach bhathas fhathast a' foillseachadh irisean chloinne leithid An Dandy agus Am Beano. Bha caractaran a' dol air turasan a' sabaid an aghaidh an nàmhaid. Tha tòrr de na h-irisean bho àm a' Chogaidh rim faighinn an-diugh!

Bhithe ag iarraidh air balaich agus clann-nighean a bhith a' cuideachadh le oidhirp a' chogaidh le bhith a' dèanamh rudan feumail leithid a' cruinneachadh phàipeir.



Aig àm a' chogaidh bhathas a' misneachadh dhaoine a bhith a' fighe. Bhiodh màthraichean a' fighe aodaich do na teaghlaichean aca. Uaireannan bhiodh daoine a' fighe còmhla.

Bhithe ag ionnsachadh na cloinne a bhith a' fighe agus a'

càradh san sgoil. Bhiodh clasaichean a' fighe ceàrnagan agus gan ceangal ri chèile airson plaideachan a dhèanamh.

Luchd-fianais



"1 Stòbha campaigh, Biùgan, Bataraidhean, Briosgaidean...

Tha mi a' dèanamh nas urrainn dhomh airson an ionad-fasgaidh a dhèanamh cofhurtail. Tha mi air 'poca fasgaidh' a lìonadh a tha mi a' cumail deiseil ma thig dùdach. Tha am poca làn rudan a chuidicheas sinn tro na h-oidhcheannan fhada fhuar.

Cupannan, Bobhla Dìleas, Aodach blàth, Cluasagan, 1 plaide, 2...

Tha sin annasach, tha plaide Sheumais a dhìth. Tha dragh mhòr orm mu dheidhinn. Bha mi a' smaoineachadh gur dòcha gum biodh e air falach an seo, ach chan eil. Tha e pròiseil às an ionad-fasgaidh. Chuidich e athair dà leabaidh a chur ann. Tha sinn uile a' faighinn an ionad-fasgaidh mì-chofhurtail. Tha e cho fuar agus tais, ach tha e a' còrdadh ri Seumas. Tha e ag ràdh gu bheil e coltach ri làithean-saora campachaidh. Mar sin carson a bhiodh e air ruith air falbh? Tha fhios agam gu robh dragh air mu bhith air a chur a-mach chun tuath ach dh'innis mi dha nach b' urrainn dhomh sin a dhèanamh.

Tha mi a' creidsinn gu bheil dragh orm gun adhbhar... Mar a tha athair Sheumais ag ràdh, bidh e a' cluich geama cuide ri charaidean. Tha mi an dòchas gum faigh na poilis lorg air."

An Sgeulachd

Cidsin: Chaidh lorg air leabhar-bìdh le tigeaid air a reubadh às agus foirm gluasaid le fiosrachadh mu Sheumais air. Tha am poileas den bheachd gu bheil Seumas a' cluich le charaidean.

Ionad-fasgaidh Anderson: Tha plaide a dhìth. A bheil Seumas air ruith air falbh? Carson a dhèanadh e seo? Tha màthair Sheumais air innse dha nach deigheadh a ghluasad chun tuath.

Sràid air a Spreadhadh



Bha sràidean air feadh Bheul Feirste coltach ri seo air madainn 16mh Giblean 1941.

Bha neach-glèidhidh air gach sràid airson daoine a chuideachadh le bhith a' lorg ionad-fasgaidh aig àm ionnsaigh. Bhiodh dùdaichean a' toirt rabhadh gu robh plèanaichean an nàmhaid a' tighinn. Bhiodh luchd-glèidhidh a' fònadh airson innse mu spreadhaidhean agus bhiodh iad a' cur seirbheisean teasairginn air dòigh.

Air oidhche an 15-16mh Giblean, chaidh inneal-spreadhaidh a leagail air togalach nam fònaichean agus bha na h-innealan conaltraidh air an gearradh dheth.

Cha robh cuideachadh sam bith aig Beul Feirste agus chaidh còrr air 900 duine a mharbhadh.

Nithean



Mus do thòisich an cogadh thuit 1.5 millean duine gum biodh iad deònach a bhith nan luchd-glèidhidh no nan luchd-dion teine. Bha luchd-glèidhidh eòlach air a' chuid a bu mhotha de na daoine anns an sgìre aca fhèin. Bhiodh clogaidean mheatailt orra gus an cinn a dhion. Bha fuaim eagallach an lùib nan ionnsaighean adhair, 's bha an luchd-glèidhidh a' cleachdadh feadag no clag airson aire dhaoine a tharraing.



Aig àm an dorchnaidh bhiodh trioblaid aig dràibhearan faicinn càite an robh iad a' dol oir cha b' urrainn dhaibh ach solais bheaga a chleachdadh. Dh'adhbharaich seo tòrr thubaistean, 's chaidh na riaghailtean atharrachadh. B' urrainn dha na draibhearan na solais mhòra a chleachdadh ach dh'fheumadh còmhdaich a bhith orra trom faigheadh an solas a-mach. Bha loidhnichean gheala air am peantadh air an rathaid gus am biodh e na b' fhasa dhaibh faicinn.



Chaidh cha mhòr 40 millean masg-gas a thoirt seachad ro 1939. Dh'fheumadh iad a bhith air an giùlan fad na h-ùine air eagal 's gum biodh ionnsaighean gas ann. Bhiodh masgaichean sònraichte aig a' chloinn 's cha robh iad sin cho eagalach an cleachdadh. Dh'fheumadh iad ionnsachadh an cur orra luath.

Ciamar a tha fios againn? Bho dealbhan de chloinn le masgaichean-gas orra aig àm a' chogaidh. Tha cuideachd clàraidhean ann de thidsearan ag ionnsachadh do sgoilearan mar a chuireadh iad orra masg-gas.



'S iongantach mur tàinig am bogsa airgid meatailt seo bho thaigh a bha na theine. Tha am bogsa agus an t-airgead air leaghadh leis an teas.

Rinn ionnsaigh Dhimàirt na Càisg milleadh air na mìltean de thogalaichean ann am Beul Feirste. Chaill cuid de theaghlaichean a h-uile càil a bh' aca.

Phàigh an riaghaltas airgead-diolaidd ach bha e doirbh dachaigh eile a lorg agus tòiseachadh às ùr.



'S e tigead-aithneachaidh airson corp a tha seo. Bhiodh luchd-glèidhidh a' ceangal tigead-aithneachaidh le fiosrachadh pearsanta ri corp gach duine a bhàsaich.

Cha do dh'ullaich Beul Feirste ach airson 200 bàs ann an aon ionnsaigh ach ann an ionnsaigh Dhimàirt na Càisg, chaidh 900 duine am marbhadh. Bha taighean mairbh air am fosgladh sna h-Amaran Poballach agus ann am Margaidh An Naoimh Sheòrais.

Luchd-fianais



Tha mi cho sgìth a-nis 's gu bheil mi ag iarraidh dhachaigh a chaoineadh. Tha sinn air a bhith a' slaodadh nam mairbh agus daoine a tha air an leòn airson uairean a thìde. Ma stadas mi, tha crith a' tighinn nam làmhan.

Tha e doirbh dhomh sgrìobhadh, chan urrainn dhomh greim a chumail air peann, chan urrainn dhomh fiù 's bileag cuirp a lìonadh a-steach. Tha e uabhasach a bhith a' sgrùdadh chuideigin airson am bileag-aithneachaidh aca a lorg.

Chaidh iarraidh orm sùil a chumail a-mach airson a' bhalaich a ruith air falbh. Tha a mhàthair gus a dhol às a ciall leis an uallach a th' oirre.

Chan e seo an sgìre agamsa, mar sin chan eil mi eòlach air Seumas. Anns an sgìre agam fhèin, tha mi dèanamh cinnteach gu bheil fhios agam air a' chiad ainm a th' air a' chloinn air fad. Tha sinn air dithis no trìuir chloinn a shlaodadh a-mach an-diugh agus tha mi air tòrr de bhalaich a tha coltach ri Seumas a chur dhan ospadal, ach tha mi a' smaointeachadh gu bheil mi air a h-uile duine aithneachadh.

Innsidh mi dhut, ge-tà! Chunnaic mi balach agus cù a' dol sìos an t-sràid. Chaidh iad a-steach geata na sgoile, bho chionn

uair a thìde. Thuit am masg-gas aige. Dh'èigh mi às a dhèidh ach cha do thill e.

An Sgeulachd

Cidsin: Chaidh lorg air leabhar-bìdh le tigead air a reubadh às agus foirm gluasaid le fiosrachadh mu Sheumais air. Tha am poileas den bheachd gu bheil Seumas a' cluich le charaidean.

Ionad-fasgaidh Anderson: Tha plaide a dhìth. A bheil Seumas air ruith air falbh? Carson a dhèanadh e seo? Tha màthair Sheumais air innse dha nach deigheadh a ghluasad chun tuath.

Sràid air a spreadhadh: Chunnaic neach-glèidhidh balach agus cù a' dol chun na sgoile. Chaidh masg-gas a lorg le SM air. Bha am balach ann an cabhaig. Cha do stad e an uair a dh'èigh an neach-glèidhidh ris.

Sgoil



Cha robh a' mhòr-chuid de na seòmaran-sgoile a bh' ann aig àm a' chogaidh uabhasach eadar-dhealaichte bho na seòmaran a bha ann 50 bliadhna ron sin.

Bhiodh sgoilearan nan suidhe ann an sreathan de dheasgaichean air beulaibh an tidseir. Bha obair air a sgrìobhadh air a' bhòrd gus an dèanadh sgoilearan lethbhreac dheth agus bha tòrr rudan aca ri ionnsachadh air an teanga.

Bhiodh clann òga a' sgrìobhadh air sgleataichean, agus bhiodh sgoilearan nas sine a' cleachdadh pinn le gob stàilinn, a bhiodh iad a' tomadh ann am poitean inc.

Bhiodh tidsearan a' misneachadh nan clasaichean a bhith a' cuideachadh le oidhirp a' chogaidh, a' dèanamh silidh no a' cruinneachadh phàipeir.

Nithean



B' e Ìmpireachd Bhreatainn an Ìmpireachd a bu mhotha san t-saoghail le sluagh de 500 millean. Bhathar a' comharrachadh Là na h-Ìmpireachd air an 24mh den Chèitean. Bhiodh clann a' cur cuirmean air dòigh agus bhiodh iad a' cur aodach orra airson a bhith mar dhiofar threubhan bho air feadh na h-Ìmpireachd.

Bhiodh saighdearan bho air feadh na h-Ìmpireachd a' tighinn a shabaid às leth Breatainn agus a caraidean an aghaidh na Gearmailt, agus an uair sin Iapan.



Anns na 1930an bha tòrr de dhaoine gun obair agus ann am bochdainn air feadh na Rìoghachd Aonaichte. Ann an 1937 thòisich an riaghaltas a' toirt bainne an asgaidh do chloinn aig an robh feum air.

Bha am bainne a' tighinn ann an cruinneagan mòra agus air an cuir ann an glainneachan no cupanan airson òl. Bha bainne na dheagh dhòigh air a' chloinn a bhith a' faighinn beathachadh math aig àm a' chogaidh.



Bha e cudromach an sluagh a bhith fallain ma bhathar a' dol a thoirt buaidh air a' chogadh. Bha an riaghaltas a' foillseachadh bileagan leithid 'Cogadh An aghaidh Ghalaran' airson an toirt do mhàthraichean 's do thidsearan. Bha an leabhar a' toirt comhairle mu bhith a' cur stad air galar-ghabhail.

Bha mòran thinneasan chloinne mar a' chuing, polio, an triuthach agus an teasach sgàrlaid fhathast doirbh an leigheas agus aig amannan nan adhbhar bàis.



Bha e cudromach a bhith a' clàradh ainmean aig àm a' chogaidh. Ma bha ionnsaigh-adhair ann, dh'fheumadh fios a bhith aig na tidsearan gun robh a' chloinn air a bhith air an toirt dha na h-ionadan-fasgaidh.

Bha mòran sgoiltean air an gluasad a-mach chun na tuath - ach dh'fhuirich cuid den chloinn aig an taigh 's cha deach iad dhan sgoil fad mhìosan. Bha cuid de phàrantan a ghluais an cuid cloinne gun innse.



Bha taodan mar seo air an cleachdadh airson a bhith a' toirt choin cuairt aig àm an dorchnaidh. Bha leabhar comhairleachaidh bho àm a' chogaidh a' moladh: 'Cuir rudeigin geal air a' chù, cleachd taod goirid geal no deàlrach, agus cùm air falbh bho shràidean trang'.

Bhiodh e annasach taod a lorg ann an sgoil.

Luchd-fianais



"Thàinig mi dhan sgoil a shealltainn an deach milleadh a dhèanamh anns an spreadhadh cho luath 's a b' urrainn dhomh.

Cha robh e furasta faighinn tarsainn a' bhaile. Cha robh na tramaichean a' ruith 's b' fheudar dhomh coiseachd. Tha mi glè fhortanach. Tha mi a' fuireach air oir a' bhaile 's cha do thachair càil sa cheàrnaidh againne.

Chan eil an sgoil ro dhona agus le beagan glanaidh agus beagan càraidh bu choir gum faigheadh sinn air fosgladh an dèidh nan

saor-làithean. Ach tha rudan air tachairt as a bheil mi amharasach agus tha mi air fios a chur air na poilis. Tha mi a' smaoineachadh gur dòcha gun robh mèirlich a-staigh.

Bha uinneag mhòr san talla air a briseadh. Chan eil mi cinnteach an e an spreadhadh a rinn e no na breigichean a bha air an làr. Bha biona air a shlaodadh suas chun bhalla agus bha coltas ann gu robh cuideigin air a bhith na bhroinn. Bha fuil air sòl na h-uinneig agus lorgan san dust sa phrìomh thrannsa agus gu neònach, bha làrach spògan ann cuideachd.

Carson a bhriseadh cuideigin a-steach dhan sgoil agamsa le cù? Tha e caran neònach!"

An Sgeulachd

Cidsin: Chaidh lorg air leabhar-bìdh le tigea air a reubadh às agus foirm gluasaid le fiosrachadh mu Sheumais air. Tha am poileas den bheachd gu bheil Seumas a' cluich le charaidean.

Ionad-fasgaidh Anderson: Tha plaide a dhìth. A bheil Seumas air ruith air falbh? Carson a dhèanadh e seo? Tha màthair Sheumais air innse dha nach deigheadh a ghluasad chun tuath.

Sràid air a spreadhadh: Chunnaic neach-glèidhidh balach agus cù a' dol chun na sgoile. Chaidh masg-gas a lorg le SM air. Bha am balach ann an cabhaig. Cha do stad e an uair a dh'èigh an neach-glèidhidh ris.

Seòmar-sgoile: Tha cuideigin air briseadh a-steach dhan sgoil. Chaidh taod geal a lorg aig an làrach.

Beachd an Eòlaiche

A' sealltainn air ais air an fhianais, tha mi a' smaoineachadh gur e seo na tuairmsean as cudromaiche:

- A. Tha an leabhar-bìdh a' sealltainn gur dòcha gu robh Seumas ag iarraidh fuireach air falach airson ùine mhòr, 's an dòchas a bhith a' cleachdadh tigeada airson biadh a cheannach.
- B. Tha a' phlaide a bha air chall a' sealltainn gu robh e a' smaoineachadh mu bhith blàth agus cothrom cadal.
- C. Bha am masg-gas a chaill e a' sealltainn gu robh Seumas ann an cabhaig. 'S dòcha gun robh dragh air gun cuireadh

an neach-glèidhidh ceistean air mu càite an robh e a' dol.

D. Agus mu dheireadh, bha an taod geal san rum-sgoile. An dùil an e taod Dìleas a bh' ann?

Tha fhios agad nach urrainn dhuinn a bhith buileach cinnteach mu thachartasan sna làithean a chaidh seachad, ach seo a thachair dha Seumas agus Dìleas, an cù...





Maighstir-sgoile: Dh'fhàg mi teachdaireachd aig stèisean nam poilis. Bha dragh orm gu robh mèirlich air briseadh a-steach agus gu robh iad às dèidh barrachd air mo chailc. Gual na sgoile, mar eisimpleir.



Neach-gleidhidh: Thug mi sùil air an ainm a bha air a' mhasg-gas. 'S e Seumas Mac a' Ghobhainn a bh' ann. Chuir mi teachdaireachd gu stèisean nam poilis ag ràdh gum faca mi e a' dol a-steach air geata na sgoile.



Poileas: Bheachdaich mi air teachdaireachdan an neach-glèidhidh agus a' mhaighstir-sgoile. Thug na lorgan mi gu aon de na rumannan far an do lorg mi taod geal. Bha Seumas na chadal anns a' phreas ri taobh Dìleas.



Tha mi toilichte a ràdh nach do bhris e a-steach dhan sgoil. Shreap e a-steach tro uinneig mhòir bhriste agus gheàrr e e fhèin air a chois. Feumaidh e greimeannan. Bha Seumas a' smaoineachadh gum b' urrainn dha a bhith air falach an seo airson latha no dhà oir bha an sgoil dùinte airson na Càisg.



Màthair: Bha mi a' smaoineachadh gun cuala mi Seumas air mo chùlaibh fhad 's a bha mi a' bruidhinn ris a' Bh-phòsta Jones. Bha am balach bochd air a bhith ag èisteachd ri còmhraidh nach bu chòir dha a chluinntinn. Ruith e air falbh air sgàth 's gun robh e a' smaoineachadh gun robh sinn a' dol a thoirt Dìleas seachad.



Gheall mi gun cumadh sinn e, ach feumaidh Seumas litrichean a sgrìobhadh chun phoileas, an neach-glèidhidh agus am maighstir-sgoile ag ràdh gu bheil e duilich.